

GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

Is urrainn dhomh sgrùdadh a dhèanamh mu eachdraidh taighean-solais air feadh Alba, an teaghlach Stevenson agus is urrainn dhomh clàr/mapa/postair/duilleag eadar-lìon a chruthachadh mu sholas na h-Eileanan Flannach.

Rannsaich na leanas:

- Cò as an teaghlach Stevenson a bha an sàs ann a bhith a' togail thaighean-solais
- An àm ann an eachdraidh nuair a bha iad a' togail na taighean-solais.
- Far a bheil na h-Eileanan Flannach suidhichte
- Cuin a chaidh e a thogail.
- Cò den teaghlach Stevenson a thog an taigh-sholais air na h-Eileanan Flannach.
- An stèisean a bha ann am Brèascleit, Eilean Leòdhais.
- Ciamar a bha na h-oifigearan a bha ag obair air na taighean-solais a' cumail fios ri tìr mòr aig àm nuair nach robh conaltradh rèidio ann.
- Ciamar a tha taighean-solais ag obrachadh an-diugh

Is urrainn dhomh aithisg phàipear-naidheachd a sgrìobhadh mu dheidhinn an triùir fhìreannach a chaidh a dhìth ann an 1900 air na h-Eileanan Flannach

- leugh na aithisgean oifigeil bho Bhòrd nan Taighean-solais mu Thuath mu na thachair air na h-Eileanan Flannach ann an 1900.
- leugh aithisgean eile a tha ag innse mu na thachair agus na beachdan a tha air a thoirt seachad mu dè dha rìreabh a thachair dhan triùir fhìreannach.
- feuch ri sgaradh a dhèanamh air na tha thu a' smaoinichadh a tha fìor agus dè nach eil.

Sgrìobh aithisg phàipear naidheachd leis am fiosrachadh a leanas:

- Ceann-naidheachd
- Fo-naidheachd (seantans a tha a' mìneachadh an sgeulachd)
- A' chiad paragraf (cò, cuin, càite, carson).
- An sgeulachd fhèin
- Dealbh le seantans fiosrachaidh

Is urrainn dhomh mìneachadh a thoirt seachad air am pìos bàrdachd a sgrìobh Wilfred Wilson Gibson 'Flannan Isle'. Bidh eòlas agam air na leanas:

- Na faclan agus na abairtean a tha air a chleachdadh anns a' chiad chòig rannan airson faireachdainn a thoirt seachad gur e àite iargalta agus dìomhair a bha anns na h-Eileanan Flannach.
- Cleachd peana dathte airson soilleireachadh a dhèanamh air trì, no barrachd, loidhnichean ann an rann a h-ochd a tha a' dearbhadh mar a tha a' bhàrd ag àrdachadh teanntachd.
- A bheil am bàrd a' cumail na faireachdainn seo de theannachd a' dol anns an dà rann mu dheireadh agus a bheil seo èifeachdach?
- Sgrìobh geàrr-chunntas, de mu 100 facal, a' toirt seachad do bheachd fhèin air a' phìos bàrdachd seo.

CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Carson a bha feum air taighean-solais timcheall costa na h-Alba?

Carson a tha thu a smaoinichadh a bha an aon theaghlach, thairis diofar ghinealaichean, a' sàs ann a bhith a' dealbhadh agus a' togail taighean-solais?

Dè na dùbhlain is motha a bha nan aghaidh

An còrdadh e riut a bhith ag obair mar oifigear air taigh-solas? Dè bhiodh math/dè nach biodh math?

Dè tha thu a' smaoinichadh a thachair air na h-Eileanan Flannach an oidhche a chaidh na fireannaich a dhìth?

Ciamar a tha aithisg phàipear-naidheachd eadar-dhealaichte bho aithisg eile?

An robh thu a' smaoinichadh gun robh e ceart gun do chleachd WW Gibson 'poetic licence' airson a' bhàrdachd aige a dhèanamh nas dramataigeach?

Dè do bheachd air a' phìos bàrdachd seo?

CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

<https://www.nlb.org.uk/historical/flannans.htm>

<http://blog.britishnewspaperarchive.co.uk/2012/12/27/strange-affair-at-a-lighthouse-three-keepers-disappear/>

<http://www.lighthousedigest.com/Digest/StoryPage.cfm?StoryKey=2267>

<https://www.sundaypost.com/news/scottish-news/has-mystery-of-flannan-isles-finally-been-solved/>

http://www.poetry-archive.com/g/flannan_isle.html



EÒLASAN IS BUILEAN

'S urrainn dhomh taghadh prìomh agus dàrna stòrasan airson tachartasan san àm a dh'fhalbh a rannsachadh.
SOC 2-01a

'S urrainn dhomh fianais eachdraidheil a mhineachadh bho dhiofar amannan, airson mo chuideachadh a' faighinn dealbh cheart de dhualchas na h-Alba agus den òrdugh anns an do thachair rudan.
SOC 2-02a

'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air prìomh fheartan deamocrasaidh agus bruidhinn air còrichean agus uallaichean shaoranaich ann an Alba.
SOC 2-17a

Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, 's urrainn dhomh fìrinn agus beachd aithneachadh o chèile agus an diofar eatarra a mhineachadh, agus is urrainn dhomh aithneachadh nuair a tha impidh ga chur orm agus measadh dè cho feumail is earbsach 's a tha na goireasan agam.
LIT 2-18a

Airson mo thuigse a shealltainn, is urrainn dhomh dèiligeadh ri ceistean litireil, ceistean mu bhrìgh aithris agus ceistean measaidh agus ri obair dlùth-leughaidh eile, agus 's urrainn dhomh mo cheistean fhìn a chruthachadh.
GAI 2-17a

'S urrainn dhomh mo notaichean is seòrsaichean sgrìobhaidh eile a chleachdadh airson mo chuideachadh gus fiosrachadh agus smuaintean a thuigsinn, ceistean a rannsachadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh, bun-bheachdan a chur ri chèile is a thoirt air adhart, no teacsa ùr a chruthachadh.
Tha mi mothachail gum feum mi na goireasan san d'fhuair mi am fiosrachadh agam ainmeachadh agus 's urrainn dhomh seo a dhèanamh gu h-iomchaidh.
LIT 2-25a

Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh smuaintean agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, a chur an òrdugh ann an dòigh a tha a' freagairt air m' adhbhar, agus facail a chleachdadh a rèir mo luchd-amais.
LIT 2-26a